

Iorram na h-Imirich Chuain

le D MacRàith

Chaidh sin - ne gu tràigh a choimh - ea - dachd chàich cha
till iad gu bràth an taobh seo Long iar - rann fo'm
bonn a' sad - radh nan tonn tha feadh - ainn am fonn 's
cuid.tùr - sach

Chaidh sinne gu tràigh,
A choimheadachd chàich,
Cha till iad gu bràth,
An taobh seo.
Long iarann fo 'm bonn,
A' sadradh nan tonn,
Tha feadhainn am fonn,
'S cuid tùrsach.

Clann bheaga ri gair',
A' mhàthair fo phràmh,
Fir mhór' ann an sàs,
'S iad ciùrrta.
'Fras-shileadh nan deur,
Gu tostach ach geur,
A' sealltainn 'nan déidh,
Le cùram.

Iad fhéin 'dol an iar,
'S an talamh 'dol siar,
Chan fhaicear leo' sìon,
Ach Mùirneag.
Seall! Mùirneag 'dol uap',
'Dol fodha sa chuan,
Fir is mnathaibh gun tuar,
'Ga h-ionndrainn.

Ionndrainn eil' ac' ma-tà,
'Toirt crìdh' goirt agus cnàmh,
Luchd an gaoil is an dàimh,
'Toirt cùl doibh.
Dh'fhàg siud iad 'nan déidh,
Ni nach fagar 's nach tréig,
Comann blàth latha Dhé,
Sa chùbaid.

Mun tric 'chruinnich an sluagh,
A Shàbaid 's a Luain,
Le mór aire 's cluas,
Don sgeula.
Leigean seachad an dàn,
'S dèanam ùrnaigh a ghnàth,
Gun ruig iad cala as fearr,
Na Quebec.

Beir an t-soiridh seo uam,
Gu Ameireaga Tuath,
Thun caoraich is sluagh,
Mo chùram.
'N déidh Bhuachail' e fhéin,
Biodh romhpa 's 'nan déidh,
Gun dìon o gach beud,
Sin m' ùrnaigh.